




An  
Comunn  
Gaidhealach

# Aithris

NAIDHEACHDAN BHO BHUILL, MHEURAN AGUS ROINNEAN  
AIREAMH 9 AN GEAMHRAIDH 1993



Mod Ardruiigh.

## Facal bhon Ceann-Suidhe

**A**n dèidh Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail an Ardruiigh, bidh An Comunn a-nis a' sònrrachadh air nithean cudthromach air taobh a-staigh a' bhuidhinn, a-chum ar n-obair co-cheangailte ri tionnsgnaidhean Gàidhlig sa' choimhearsnachd a neartachadh. A-chum An Comunn a chuideachadh ann a bhith a' cur na Gàidhlig air adhart, chaidh Ard oifigear a shuidheachadh bho chionn ghoirid. Is esan Dòmhnull Iain MacSuain às an Rubha an Leòdhais. Tha e a' tighinn thugainn le fior eachdraidh de sgilean bho obair ann an seirbheis phoblach, poileataics agus eadhan nochd e ann am "Machair", sreath thaitneach Ghàidhlig air telebhisean.

An toiseach bidh Mgr MacSuain ag obair ann an raointean gnìomhachais mar dheachdar leis an Ard Chomhairle agus an uair sin bidh e a' leudachadh obair a' Chomuinn gu na raointean sin a tha a' cur feum air obair bho thaobh coimhearsnachd. Gu sònraichte bheir Mgr MacSuain sùil gheur air ciamar a leasachteas An Comunn iad fhìn mar mheadhan cudthromach san raon shaor-thoileach far a bheil coimhearsnachdan Gàidhlig a' cur feum air taic ann a bhith a' leasachadh am feuman a-thaobh ealain agus dualchais.

Bheir an dreuchd ùr cead do Dhonaidh MacIII'Eathain, an Stiùiriche a tha againn an-dràsda, sònrrachadh ar poileasaidh a' Chomuinn airson tionnsgnaidhean ealain cultarach agus sùil a chumail air a liuthad atharrachadh a thatar a' meas a dhèanamh a-chum 's gum bi am Mòd Nàiseanta Rìoghail beantainneach ri na leasachaidhean a tha a' gabhail àite ann an saoghal na Gàidhlig.

Feumar a dhaingneachadh gum bi Mgr MacSuain agus Mgr MacIII'Eathain an urra ri de cho deònach 's a bhios ballrachd fharsaing a' Chomuinn air co-nbrachadh anns an obair a tha air thoiseach orra. 'S ann a-mhain nuair bhios a h-uile neach an sàs a nithean adhartas anns am bi brìgh a-chum a bhith cinnteach gum bi àite sònraichte aig a' Chomunn ann an saoghal na Gàidhlig, a-nis agus san àm rí teachd.


An ceartuair, taing dhuiibh uile airson ur taice leantainnich dhòmhais mar Cheann-Suidhe a' Chomuinn.



Art Còrmag –  
Bonn Or, 1983



Coisir Loch a Tuath aig Mòd Ardruiigh.




Dràma aig a Mhòd.



Dannsairean òg Gaidhealach a  
dannsa don Bh.B.C.

Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ur



## ***Domhnall Iain MacSuain, Ard Oifigear Ur a' Chomuinn.***

# Sgriobh sios e!

Ann a bhith a' feuchainn ri sgrìobhadh  
Gàidhlig a bhrosnachadh sna sgoiltean sna h-Eileanan Siar, tha Roinn nan Eilean Siar air co-fharpais a chur air chois bho chionn ghoirid. Chan eil bacadh air seòrsa sam bith de sgrìobhadh: sgeulachdan goirid, bàrdachd, dràma (le stuth air-son phubaidean), sgrìobtan rèidio agus telebhisein, sgrìobtan bhidio, dealbhan-eibhinn agus stuth chomputairean. 'S e aon chùmhnant gun gabh dreach seallaidh cur air gach sgrìobhadh.

Tha an Roinn a' feuchainn ri comasachd sgrìobhaidh a lorg am measg clann sgoile sna h-Eileanan. A-chum luchd-teagaisg a bhrosnachadh gus taic a chur ris a' cho-fharpais, tairgear suim £100 don sgoil às an tig an fheadhainn a bhuan-naicheas, agus gheibh iadsan duaisean airgid cuideachd.

The Dan Moireach, Fear-cathrach na Roinne, ag radh: "Dh'fhaodadh an seòrsa co-fharpais seo tachairt an àitean eile far a bheil ùidh sa' Ghàidhlig sna sgoiltean. Chan eil sinn a' sireadh luchd-duaise Nobel, ach a' feuchainn ri déanamh cinnteach gu sònraicheadh clann aig a bheil tàlant sgrìobhaidh. Brosnachear iad an uair sin gus cumail orra a' sgrìobhadh. Air a' cheann thall leudaicheadh a' cho-fharpais, a bhios ann gach bliadhna, gu bùthan-oibre far am faod clann tighinn còmhla gus am beachdan, am fiosrachadh agus an amasan a chur ann an sgrìobhadh."

## **AN COMUNN GAIDHEALACH CISEAN BALLRACHD**

Bho 1 Giblein 1994

Bhlo 7: Gileam 1994	
Ballrachd Blàdhnaill	£6.00
Ballrachd Beatha	£40.00
Còisirean	£30.00
Seann Daoine	£3.00
Comainn Dhàimheil	£12.00
Buill Oga	£1.00

# Ard Oifigear ur

**M**ar phàirt de na h-athar-rachaidhean a tha a' gabhail àite sa' Chomunn fa chomhair na dara linne, chaidh Mgr Dòmhnaill Iain MacSuain a shuidheachadh mar Ard Oifigeair.

Tha Mgr MacSuain, 44, an-dràsda na oifigeal aig Comhairle nan Eilean, agus tha sgilean nanachd dearbhte aige a nì cinnteach gum bi talantán nan 3,000 ball sa' Chomunn air an cleachdadadh le teòmachd gus fior thaic a chur ris a' Ghàidhlig.

"S e neart mòr agus stòras a tha sin a tha mi an dùil a leasachadh gus am bi e na raon de luchd-gníomha a thogas An Comunn gu bhith na phriomh mheadhan gluasaid sa' Ghàidhealtachd," thuirt e.

"Tha An Comunn daonnan air a bhith trang agus làrn bheachdan. Ri tide bhithinn an dòchas gum biadh na beachdan sin, a tha a' tighinn bhon bhallrachd, air an toirt gu buil leis a' Chomunn gus am bi An Comunn air ais aig tùs na h-obrach air a bheil feum gus a' Ghàidhlig agus a cultar a leudachadh."

Tha Mgr MacSuain a' meas gur e  
aon de na priomh nithean a tha  
roimhe drochaidean a thogail eadar  
an Ard Chomhairle agus na Meuran  
a-chum adhbhar agus dearbh-aithne  
a bhualeachadh air na Meuran. Nuair  
gheibh Mgr MacSuain greis san  
dreuchd üir, sgrìobhar gu Meuran a  
chur amannan freagarrach air dòigh  
airson tadhla orra.

'S e aon de na nithean a tha Mgr MacSuain a' cur roimhe feuchainn air

an ionmhais Eòrpach a tha ri fhao-tainn airson thionnsnáidhean cul-tarach agus coimhreachadh, agus ceangalaichean ri Biùro nam Mion-chànan a neartachadh.

Ma tha sibh ag iarraidh còmhchradh ris mun Chomunn, fònaibh gu Mgr MacSuain air 0463-231226 no sgriobhaibh thuige aig 109 Sraíd na h-Eaglaise, Inbhir Nis, IV1 1EY.

# **CLUB GAIDHLIG MHOIREIBH**

**T**hàinig beachd bho Mheur  
Mhoireibh den Chomunn gu buil.  
Bha am beachd simplidh: Club do  
luchd-labhairt na Gàidhlig, an dà  
chuid fileanta agus ag ionnsachadh.

Bha a' chìad choinneamh den Chlub ann bho chionn ghoirid agus thatar a-nis an dùil gun coinnicheadh gach oideachse Dhiciadain aig Taigh-òsda Laichmhoireibh an Eilginn. Tha Iain Ceanadach, Iar Neach-cathrach Meur Mhoireibh, fior thoilichte le mar ghabhadh ris a' Chlub. "Le mu dhà fhicheadh neach, bho chlann sgoile gu seann daoine, a' togail ceann 's e beachd a tha seo a dh'fhaodas Meuran eile den Chomunn a thoirt gu buil," ars esan.

Tha dùil aig a' Chlub daoine a  
chuideachadh le còmhradh Gàidhlig,  
gan cuideachadh a' tuigsinn phrògra-  
man telebhisein agus rèidio Gàidhlig.

# AN COMUNN GAIDHEALACH

Airson Eilain na Gàidhlig m.e. Drama, seinn, dannsa, leabhaircnean

RI FHAOTAINN A-NISE

# CLARADH CASAET MOD ARDRUIGH '93

£5.95 (le postachd)

Fidhleirean, Cèilidh na Cloinne A&B, Cèilidh Chòisirean Dùthchail, Cuairtean Deireannach a' Bhuinn Oir, Cuairt Dheireannach Tradiseanta agus an Cèilidh Mu Dheireadh.

LEABHRAICHEAN:

Baragab (ross is bàrdachd le inbhich 's le cloinn .....	£5.00
Gearra na Craobh 's an Cladach (leabhar cloinne).....	£5.00
Caidil gu Seimh (tàlaidhean).....	£4.00
Carragh na Cumhne (bàrdachd le C. Dòmhnullach) .....	£4.00
Muir is Ti (órain air an gabhail le cloinn).....	£5.99
I dal u dal (órain obrach).....	£3.95
Na Cnuic 's na Glinn (bàrdachd).....	£4.00
Centenary of An Comunn Gàidhealach (by Frank Thompson) Paperback.....	£8.50
	Hardback £12.00

**91 Sràid Chrombail, STEORNABHAGH, PA87 2DG.** Fòn 0851 703487. Fax 0851 706467  
**109 Sràid na h-Eaglaise, INBHIR NIS, IV1 1EY.** Fòn 0463 231226. Fax 0463 715557  
**Bùth a' Mhòid, 10 Sràid Mherkland, GLASGOW.** Fòn 041 334 9796



# Drama a' gluasad gu ard- urlar ur

**A**nns an 1930n, bha An Comunn aig tùs gnothaich ann a bhith a' toirt dràma Ghàidhlig gu coimhearsnachdan iomallach air a' Ghàidhealtachd 's anns na h-Eileanan nach fhaca ach ainneamh dealbh-chluichean air àrd-ùrlar, ma chunnaic ariamh. Bha seo cho soirbheachail 's gum b'fheudar don Chomunn rianaire fhasdadh airson bhuidhnean dràma coimhearsnachd a stèidheachadh a chluicheadh ann an ionadan loma-làn. Lughdaich an dara Cogadh Mòr ùidh sa' ghnothaich agus b' ann slaodach a dh'ath-bheothaich e.

Ach, anns na bliadhnaichean mu dheireadh, tha buidhnean dràma air a bhith mothaithe sa' choimhearsnachd, a' tighinn gu inbhe aig a' Mhòd. Le dòchas gun tig Taigh-cluiche Nàiseanta Gàidhlig gu buil, bha faireachdann ann gum feumaist obair nam buidhnean dràma neodhreuchdail ath-ainmeachadh. Rinneadh seo a-nise le pàipear-bruidhne a dh'ullaich Sgrìobhadair a' Chomuinn, Tormod C Dòmhnnallach agus a chaithd a cheachdad mar chuspair co-labhairt aig a' Mhòd an Ardruiagh.

Aig cridhe a' phàipeir tha feum air aithne a bhith air àite càinair tro mheadhan cluiche, le briathran, ceòl agus gluasad. Tha Mgr Dòmhnnallach a' moladh gu làdir Oifigear Dràma Ghàidhlig Coimheasnachd a shuid-


heachadh gus obair còmhla ri Comann na Dràma, a stèidhich An Comunn bho chionn grunn bhliadhnaichean.

Bhiodh an t-Oifigear seo, a-rèir Mhgr Dòmhnnallach, na 'neach-comais' a bhrosnaicheadh coimhearsnachdan gu beachdachadh air dràma mar mheadhan air Gàidhlig a leasachadh mar mheadhan cluiche.

Tha e ag radh: "An toiseach b' e an tamas dealbh-chluichean goirid a chruthachadh do bhuidhnean dràma ionadail airson na coimhearsnachd aca fhèin, le cuid a' dol air adhart chun a' Mhòd (air an Iomall no an co-fharpaisean). A rithist thigeadh dealbhan-cluiche mòra coimhearsnachd, 's dòcha a' toirt a-steach ceudan de dhaoine thar nam bliadhnaichean. Mar sin, tro thìde, dh'atharraicheadh an sluagh bho luchd-coimheid gu luchd-compàirteachaidh."



Tormod C. Dòmhnnallach, Sgrìobhadair a' Chomuinn.



A cluich deireannach, Cuach Mòd nan Eilean, 1979. An Rubha (Leòdhais) 5 v Loch nam Madadh (Uibhist a Tuath) 3.

## Drama — Dreach TBh

THATAR a' sealltainn do thelebhisean Ghàidhlig, ann an cruth Na Te Bige Deirge, fiaclan rùisgte a' mhadaidh-allaidh, a' riochdachadh Telebhisean na h-Albann. A-rèir coltais, mar fhreagairt do ghearrainean bho luchd-amhairc gu bheil cus Ghàidhlig air sgàileanan an telebhisein, tha TBhA a' smaoineachadh air prògraman Ghàidhlig aig priomh amannan a lùghdachadh. Eadhan le fo-thiotalan Beurla, tha TBhA a' cumail amach, gu bheil luchd-amhairc a' cur dheth a' bhocs a no a' gluasad gu loidhneichean eile. Chan eil an ard phrògram siabainn Ghàidhlig, "Machair", a' tèadh ach 300,00 luchd-amhairc an taca ri 500,000 nuair thòisich an t-sreath. A-thuilleadh, chan eil nithean Ghàidhlig aig priomh amannan a' tarraing ach 15-20% den luchd-amhairc a dh'fhaodadh a bhith ann.

San tagradh airson còrachd, gheall TBhA dà uair gu leth san t-seachdain a chur air aig priomh aman nan tugadh Comataidh Telebhisean na Ghàidhlig seachad airgead airson 200 uair a thìde sa' bhliadhna. Ged nach d' fhuair iad ach 140 uair a thìde, chum TBhA rin gealladh. An-dràsda tha e a' coimhead coltach gum bi nas lugha de Ghàidhlig priomh aman ann ann an 1994 na bha ann an 1993. Agus 's dòcha gum bi luchd-amhairc phrògraman Ghàidhlig glè fhada gun a dhol a laighe no ag èirigh lè thrath sa' mhadainn a coimhead phrògraman.

Thatar a' moladh gu llbrig an fheadhainn a tha a' faotainn phrògraman TBhA am faireachdainean don chompanaidh agus gun iarr iad clàradh nas fheàrr air prògraman a-chum 's gum faigh Ghàidheil an nì a tha luchd-labhairt aon-chànanach na Beurla a' faighinn gu nàdarrach.

Is coltach gur mòr am beud nach bi sa' bhlar a bhuanneachadh airson airgid airson phrògraman Ghàidhlig air telebhisean ach buaidh gun bhrig. Tha e fhathast ri fhaicinn ciamar a gheibhearr luach an airgid a thatar a' cur ri telebhisean Ghàidhlig. 'S e measgachadh brige a chunacas rè 1993, le cuid de na prògraman a b' fheàrr dèantais aonais airgid bhon CTG. Aig deireadh an latha, 's iad na Ghàidheil a-mhàin a mheasas ach am b' fhiach na chaidh a-mach air TBh an t-saothair.

# Naidheachdan bho na Meuran

## MEUR OBAR DHEADHAIN

Rinn sinn deagh thòiseachadh air prògram a' gheimhraidh. B' e cèilidh ron Mhòd a' chiad rud a bha againn san Dàmhair, le Còisir Ghàidhlig Obar Dheadhain. Bha an cèilidh/dannsa le Art Cormac agus Blair Dùbhghlas soirbheachail da rìribh, agus faisg air lan an taighe an làthair.

Air 15 Faoilleach chithear Seonaid NicIlleBhàin, Cùradair Lann-thasg Philmichean na h-Albann, a' foillseachadh iomhaighean filme den Ghàidhealtachd.

Cumar cùis 19 Gearran san Taigh-òsda Ur, Ellon, dhaibhsan a tha a' fuireach amach à Obar Dheadhain. 'S e sin

dannsa/cèilidh, le Iseabail NicAsgaill agus Seumas Gunna.

Air Disathairne 19 Màrt bidh Donella NicLeòd agus Còmhlán Cèilidh Inbhir Nis againn le feasgar cur-seachad.

Bidh a' Choinneamh Bhliadhnaile againn ann air 23 Giblein.

Cumar gach ni, ach an aon a-mhain, ann an Club Sòisealta stiuidio TBh Grampian, Caolshràid a Tuath na Bànrig, Obar Dheadhainn, a' tòiseachadh aig 8f.

## MEUR ARD GHOBHAR

Le ballrachd medòire bho raon farsaing de choimhairsnachdan sgapte 's e àm

doirbh a tha air a bhith ann don Chomataidh, a dh'aindeoin fior dhìoghras. Ach, nuair dh'ullaichear tachartas sònraichte, gheibhean deagh thaic agus thatar a' toirt taing don fheadhainn a chuidicheas le bratach na Gàidhlig a thogail.

Tha planaichean againn a dhol an lùib phroiseact coimhairsnachd, le cur a steach Gàidhlig do thachartasan san sgìre. San dòigh seo cumaidh sinn làthaireachd a' Chomuinn gu math air thoiseach le dòchas gun tig an riadh a tha sinn cinnteach a ghabhas a chosnadhl.

## MEUR CHRUACHAIN (TAIGH AN UILLT)

Tha Mòrag Robb, Rùnaire Mheadhanan na Meòire, ag radh gu bheil Meur Chruachain cho trang 's a bha i ariamh. Bha cèilidhean seachdaineil an t-samhraidh gu sònraichte soirbheachail, gu h-àraidh a-chum blas de chur-seachad Gàidhealach a thoirt do luchd-turas. Tha sinn gu mor an comain Còmhlán Phìobairean an Obain, Còisir Ghàidhlig an Obain agus Ballet an Iar airson a bhith a' nochdad.

Thòisich prògram a' gheimhraidh san Dàmhair, le Còisir Ghàidhlig an Obain agus co-fharpaisich bho Mhòd Ardruiigh air a' chlar. Taing dhaibhsan a tha a' frìthealadh gu coileanta, bhon bhaile agus bhon choimhairsnachd, airson gur fhiach e ar saothair na gnothaichean sin ullachadh. Mìle taing dhuibhse!

Aig a' Choinneamh Bhliadhnaile,

Comunn-Na-Gaidhlig  
(WINNIPEG GAELIC SOCIETY)



Oidhche cèilidh ann an Canada, 19?? Bheil fios aig daoine cò agus cuin?

thaghadh Paddy Seatha a-rithist mar Neachcathrach, le Shiela Ghrannd mar Rùnaire agus Anna Scott mar Ionmhasair.

Faodaidh neach sam bith mu chuairt air Taigh an Uillt bruidhinn ri Morag Robb (Taigh an Deadhain, Drochaid Awe, Taigh an Uillt) airson fiosrachaidh mu nithean san àm ri teachd.

## MEUR DHUN OMHAIN

Le Mòd air thoiseach oirnn an Dun Omhain ann an 1994, tha a' Mheur an sàs anns an liuthad rud a dh'fheumar a-chum Mòd a chur air, agus a' taigse taice don Chomataidh Ionadail.

Mar Mheur tha sinn air a bhith trang le ar cèilidhean mìosail a bha air am frithealadh gu ìre mhath. Chòrd an dannsa/cèilidh a bha againn san t-Samhain ri làn taighe de dhaoine. Taing don fheadhainn a chuir ri cùis cho sònraichte.

Sa' Ghearran bidh dannsa/cèilidh eile againn an Taigh-òsda MhicColla, Dun Omhain, agus tha dòchas againn gum bi Freddie MacCoinnich agus sgiobadh às an Oban againn - ma sheasas an t-side!

Air 18 Mart an Taigh-òsda na Pàirce, Dun Omhain, bidh sinn a' cumail ar Suipear Bàrdachd bhliadhnaile. Bheir Beathag Mhoireasdan dhuinn òraind air bàrd a roghnaicheas i fhèin, 's bidh òrain ann bho Mhòrag Law. Bidh am feasgar sin intinneach.

Fhritheil sinn dà choinneamh de Roinn Earra Ghàidheil. Tha iad sin cudthromach dhuinn oir tha iad a' cumail fiosrachaidh ruinn mu leasachaidhean nàiseanta agus ionadail. Chuireadh dithis de ar buill air a' Bhuidheann Stiùridh a stèidhich Beathag Mhoireasdan: An t-Urr Dòmhnull Stiùbhart agus Iain Saidler, ar Neach-cathrach.

Dh'fheuch a' Mheur ri ùidh sgoiltean ionadail a thogail gus dol a-steach airson cho-fharpaisean aig Mòd Dhun Omhain, ach cha do fhereagair ach Sgoil Dhun Omhain a-mhàin. Tha obair ri dèanamh an Dun Omhain. Tha sinn a-nise a' bruidhinn ri Sgoil Dhun Omhain mu dhòighean sam faigh a' chlann a-steach do cho-fharpaisean a' Mhòid. Dh'aontaich a' Mheur suim airgid a chur a-thaobh airson duais fhereagarrach a cheannach a bheirte seachad airson co-fharpais òigridh aig Mòd 1994.

Chaill sinn dithis de ar buill bu treise agus chuir sin bròn oirnn. Bha Màiri Chràwfurd, piuthar Thòmais Chràwfurd (Ile), na banacharaid fad iomadh bliadhna. Chaochail a' bhean-usal I M NicArtair (màthair Elma a tha a' ruith ar clasaichean Gàidhlig) cuideachd agus i còrr air ceithir fichead 's a deich, agus chaidh a tiodhlaceadh ann an Tir Iodha, an t-àite dom buineadh i. Cha bhi tim na tosd, ach bidh ar cuimhne a' caidreachadh nan dithis mhnathan usal seo.

## MEUR DHUM-FRIS

Thòisich sinn air prògram chèilidhean san Dàmhair a chaidh, agus 's iad cinn-latha cèilidhean 1994: 14 Faoilleach, 11 Gearran, 11 Màrt agus 8 Giblein a bhios gu sònraichte airson na Caisge. Tòisichidh gach fear aig 8f agus cumar iad ann an Ionad Latha Sràid Deòrsa, Dum-fris.

Tha a' Mheur fortanach gu bheil na meadhanan ag aithris oirre, a' cumail bratach na Gàidhlig ri crann ann an àite nach eil fior cho-cheangailte ris a' chànan. Tha 57 buill againn, agus tha a' mhòrchuid dhiubh a' frithealadh ghnothaichean 's mar sin tha sinn ann an deagh fhonn. 'S iad Alf agus Uilleam Geddes ar plobairean urramach, athair agus mac a nì cinnteach gu bheil ceòl na ploba a' dùsgadh ùidh shònraichte a Bharachd 's na tha sinn a' cur air adhart. Tha Alf air seirbheis air leth a thoirt dhuinn agus tha Uilleam a' gabhail a-null mean air mhean nuair ghabhas Alf anail ged 's fhada mus leig e dheth a bhith mun cuairt Dhum-fris.

Taing do Iain MacRath a tha a' cumail fior dheagh sheinneadairean Gàidhlig

ruinn.

Taing shònraichte cuideachd do Mhrs Happell a dh'fhàg a' Chomataidh air sgàth a slàinte. 'S iomadh bliadhna a thug i don Mheur agus don Chomunn agus tha ar deagh dhùrachd aice agus fior mhothachadh air a h-obair san 'adhbhar'. 'S e Tòmas MacCalum ar Neach-cathrach ùr, agus 's e ar n-Ionmhasair cuideachd. Faodar bruidhinn ri ar Rùnaire, a' bh. uasal A. B. Shearer, aig 2 Slighe Mhindein, Dum-fris, airson cunnatas air na tachartasan ro-ainmichte.

## MEUR DHUN DEAGH

Tha Meur Dhun Deagh, gun bhòsd sam bith, mar bhuidheann a dh'èirich à Comunn Gàidhealach Dhun Deagh, a' cur sùil ri subhachas 180 bliadhna bho chaidh am buidheann a stèidheachadh ann an 1814. Mar sin tha sinn nas sine na An Comunn! Co-dhiù, tha sinn toilichte innse gu bheilear a' cumail bratach na Gàidhlig àrd ri crann ann an coimhearsnachd Dhun Deagh.

Bidh mu 46 neach a' frithealadh chùisean. Ach tha ar cèilidh/dannsa bliadhnaile a' tarraing mu 120. Mar sin, tha



Ràonull Mac Gill Iosa agus Maeva NicFhionghuin — Sean Nòs..

làthaireachd na Gàidhlig gu math làidir, air sgàth dìlseachd nam ball a tha a' cur taice ruinn.

Tha dithis de ar buill, Isa Caird agus Dòmhnull MacLeod, a' ruith chlasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa choimhearsnachd. Mar thaic ri seo bidh buill den Chomunn a' coinneachadh gach mìos ann an taighean càch a chèile airson còmhraidi Gàidhlig. Tha sinn a' faireachdann gu bheil seo gu mòr fheum do luchd-ionnsachaidh agus do fheadhainn eile a tha rudeigin lapach.

Uaireannan bidh sinn a' faireachdann, air taobh an ear na h-Albann, gu bheil sinn rudeigin iomallach agus chuireadh sinn fàilte air cuideigin bhon Ard Chomhairle tadhal oirnn, eadhan an Ceann-Suidhe, a dh'innse dhuinn mu chuid de na tha a' tachairt ann an saoghal na Gàidhlig. Co-dhiù, tha sinn a' feuchainn ri prògram inntinneach a dheilbh.

Air 14 Faoilleach bidh ar suipear bhliadhnaile againn le buntàta is sgadan agus cèilidh na dèidh. Air 11 Gearran gheibh sinn òraidi bhon Oll. Chris Whatley ('Guthan Obrach an Dun Deagh ri Linn Bhictòria') agus bidh cèilidh na dèidh. Bidh a' Choinneamh Bhliadhnaile againn air 11 Màrt. Tha ar coinneamhan gan cumail ann an Club Age Concern, 343 Sràid an t-Sruthain, Broughty Ferry aig 7.30f.

## MEUR INBHIR NIS

Tha Beathag NicRath, Rùnaire, ag radh gun robh deagh àireamh sluaigh aig madainn togail-airgid an Ionad Dhunbhàir, Inbhir Nis agus bha i gu math soirbheachail a-thaobh ionmhais. Cha robh uibhir an làthair aig a' chèilidh an dèidh a' Mhòid 's a b' àbhaist, ged bha e cho math ri bliadhnaichean eile. Bha seo gu lèr air sgàth a' chnatain mhòir a thug ionnsaigh air Inbhir Nis agus 's dòcha air sgàth gun deach an cèilidh a chumail air Disathairne an àite Dihaoine air a bheil daoine cho measail. Co-dhiù, bha deagh oidhche acasan a thàinig a-mach.

'S iad luchd-dreuchd na bliadhna seo: Ailean MacLeod, Neach-cathrach; Murchadh Caimbeul agus Anna Soutar, Iar Luchd-cathrach; Iain M MacDòmhnaill, Ionmhasair, Iain MacRuaraidh, Runaire a' Mhòid; agus Beathag NicRath, Rùnaire, a gheibhean aig 17A Rathad MhicShimidh, Inbhir Nis (0463 236946).

Air thoiseach tha Cèilidh Buntàta is Sgadain an Taigh-òsda a' Chuineinch air 28 Faoilleach, Cèilidhean an Taigh-òsda a' Chuimeinch air 25 Gearran, 25 Màrt agus 29 Giblein. Thatar a' cur an cuimhne luchd-taice agus buill na Medòire gu bheilear an dùil Mòd Ionadail Inbhir Nis a chumail air 17 agus 18 Og-Mhìos.

## MEUR MHANCHESTEIR

Ged tha i suidhichte 'deas air na crìochan', ghlèidh Meur Mhanchesteir, faisg air lethcheud bliadhna a-nise, làthaireachd shònraighe Ghàidhlig an iarthuath Shasainn. Thatar a' cumail chèilidhean gach mìos bhon Dàmhair chun a' Chèitein, 's bidh càirdean a' tighinn thuca bho Liverpul, Leeds, Derbaidh, Preston agus Chester. Chan eil astar a' cur bacaidh air oidhche de chur-seachad Gàidhlig. Tha Gàidhlig aig mòran de na tha a' tighinn chun nan cèilidhean, agus tha iad toilichte Gàidheil eile a choineachadh agus deagh chòmhradh a bhith aca.

Tha na feasgaran Gàidhlig sin a' taitneadh ri mòran den luchd-cleasachd as fheàrr sa' Ghàidhealtachd, agus nam measg tha sinn an dochas gum faic sinn Cairistiùna Ghrannad, Seònaid NicDòmhnaill, Na Sradagan agus Sìne Walker ann an 1994.

Rè nam bliadhnaichean tha a' Mheur air a bhith a' cur taice ris a' Mhòd Nàiseanta Rioghail. Mar thoradh air an taic sin, bha sinn toilichte gun fhritheil Dòmhnull MacRisnidh, Ceann-Suidhe a' Chomuinn, ar Coinneamh Bhliadhnaile sa' Chèitein a chaith. Thug e do ar Neach-cathrach, Lucie Beattie, lethbhreac den leabhar mu eachdraidh ceud bliadhna a' Chomuinn, a sgriobh Frang MacThòmais, a bha uair na bhall den Mhedòir agus na bhall de Chòisir Ghàidhlig Mhanchesteir.

San Og-mhìos bha sinn uile duilich gun chaochail an t-Oll Marian MaxwellReekie, O.B.E. Chuidich i fhèin 's a h-athair gus a' Mheur a thòiseachadh. Bha i na ball tlachdimhor den Chòisir nuair bhiodh sinn a' cur chèilidhean air gu h-ionadail agus a' gabhail pàirt aig Mòd Lunnainn. Bha Marian na deagh charaid aig mòran, agus bha i na flor thaic nuair nach robh cùisean a' dol cho math. Tha cuimhne againn uile oirre le meas agus le buidheachas; bidh àite sònraighe aice daonnan nar cuimhne.

Ainm  
sràid an  
an Ramsay  
an  
t-Eilean  
Mhannain.

Cuirear fàilte air leth air Gàidheil sam bith san iar-thuath aig ar cèilidhean, a bhithear a' cumail ann an Talla Eaglais Heatons UR, Rathad Monadh Heaton, Caibeal Heaton, Stockport (fòn 061 962 8659 airson fiosrachaidd). Bidh an ath chèilidh againn air 8 Faoilleach, le Seònaid NicDhomhnaill mar phrìomh sheinneadair.

## MEUR MHOIREIBH

Bha mòran an làthair aig cùisean a chuireadh air adhart sa' chìad leth den tseusan. Thogadh faisg air £700 aig a' Chèilidh Albannach a chaith a chumail còmhla ri Còisir Ghàidhlig Mhoireibh airson Màileid na Lèirsinneir. Tha seo uile a' dèanamh feum don Mheur oir gheibh sinn deagh-ghean bhon choimhearsnachd nuair dh'iarras sinn taic airson ghnothaichean a tha gu tur sa' Ghàidhlig.

Tha dùil againn Cèilidh Oigndh a chumail ann an Talla Bhaile Fhorrais aig 7f air 16 Gearran 1994. Dà là an dèidh seo cumar Cèilidh Buntàta is Sgadain aig Taigh-òsda Laichmhoireibh, Eilginn air Dihaoine 18mh aig 8f.

Tha sinn a' cur meal-an-naidheachd air Còisir Ghàidhlig Mhoireibh agus iad a' fàs ann an neart bho stiùireadh na te a bhuannaich am Bonn Or an uiridh, Nina NicEalair, agus le Flòraidh Perrie mar neach-teagaig Gàidhlig. Eadar Club Gàidhlig Mhoireibh agus Cròileagan Fhorrais, tha Moireibh gu cinn-teach a' toirt na Gàidhlig fa chomhair an t-sluagh!

## MEUR SHRUIGHLEA

Gu seo tha deagh àireamh air cùisean a fhrithealadh sa' chìad leth den tseusan, ged tha e duilich nach eil a-rèir coltais ùidh aig an fheadhainn as òige ann an gnothaichean. 'S dòcha gum faic sinn cuid dhiubh a-chum fàilte a chur orra aig oidhcheannan cèilidhe air 15 Faoilleach, 12 Gearran agus 12 Màrt 1994. Cumartach a' cumar gach nì ann an Talla Eaglais Naomh na Trianaid, Rathad Dhun Bhreatann, Sruighlea a' tòiseachadh aig 7.30f. Chì sinn sibh uile an sin!



# Aithris

An  
Comunn  
Gaidhealach



NEWS FROM MEMBERS, BRANCHES AND REGIONS  
ISSUE NO. 9

WINTER 1993



An Comunn's President, Donald MacRitchie, with members of our Manchester branch.

## President's Message

WITH the successful Royal National Mod at Airdrie behind us, An Comunn now concentrates on a number of important internal matters which are designed to strengthen our work in the field of community Gaelic initiatives. To assist An Comunn to promote Gaelic the appointment of an Ard Offigear has been made recently. He is Donald John MacSween from Point in Lewis. He comes to us with an impressive background of skills derived from his experience in public service, politics and even appearances on 'Machair', the popular Gaelic soap series.

Mr MacSween's initial tasks will be to work within a framework of activity areas as defined by the Ard Comhairle and then to extend An Comunn's work into those fields which require attention from a community viewpoint. In particular Mr MacSween will take a close look at how An Comunn can develop itself as a significant agency in the voluntary sector where Gaelic-speaking communities require assistance in developing their inherent artistic and heritage needs.

The new appointment will allow Mr Donnie MacLean, our current Director, to concentrate on An Comunn's policy for cultural arts initiatives and to oversee the many changes proposed to make the Royal National Mod relevant to the developments taking place in the Gaelic world.

I have to stress that both Mr MacSween and Mr MacLean will depend on the willingness of An Comunn's broad-based membership to co-operate in the tasks that lie ahead of them. Only when every shoulder is placed to the wheel will any significant progress be made to ensure that An Comunn plays a significant role in the Gaelic world, now and in the near future.

In the meantime, I have to thank you all for your continued support for me as the President of An Comunn.



Mary Macinnies, Mod Medallist, 1992, under spotlight.



Fiddling at the Mod!



Finlay Macleod, Anglo-Chilean Trophy, Mod '93



Kyle Gaelic Choir, 1929

Merry Christmas and a Happy New Year

# New Chief Executive



*Donald John MacSween, newly appointed Chief Executive of An Comunn Gaidhealach.*

## Put it in writing!

In an attempt to encourage Gaelic writing in the school population in the Western Isles, Roinn nan Eilean Siar have recently promoted a competition. There is no restriction on the kind of writing to be submitted: short stories, poetry, drama (including material for puppet shows), radio and/or television scripts, video scripts, cartoons and computer-generated material. It is a condition of the competition that all entries should be capable of adaptation to visual presentation.

The Roinn initiative is to seek out any potential for writing among schoolchildren in the islands. To encourage teaching staff to promote the competition, the sum of £100 will be offered to the school presenting the winners, who will also receive individual monetary prizes.

Dan Moireach, Chairman of the Roinn, says: "This kind of competition can easily be replicated in other areas where there is a significant interest in Gaelic in schools. We are not looking for Nobel prizewinners, but trying to make sure that any children with a basic talent for writing can be identified. They will then be encouraged to keep on writing. An eventual extension of this competition, which will be organised annually, will be the workshops where children can come together to put their ideas, experiences and future ambitions into writing."

### AN COMUNN GAIDHEALACH MEMBERSHIP FEES

To take effect as from 1st April, 1994

Annual Membership	£6.00
Life Membership	£40.00
Choirs	£30.00
Senior Citizens	£3.00
Affiliated Societies	£12.00
Junior Members	£1.00

**A**s part of the changes taking place within An Comunn to meet the new challenges of its second century, Mr Donald John MacSween has been appointed as Chief Executive. Mr MacSween, 44, currently an official with Comhairle nan Eilean, has a background and proven record of organisational skills which will be employed to ensure that An Comunn's 3000-strong membership is harnessed to release the talents, expertise and skills implied in such a large supporting force for Gaelic.

"That's a huge strength and resource which I intend to develop into a network of Activists to build An Comunn into a prime motivator in the Gaidhealtachd," he said.

"An Comunn has always been a hive of activity, a hive of ideas. In time I would hope that these ideas generated by the membership, will be brought to fruition by An Comunn to bring An Comunn back into the forefront of the work needed to promote Gaelic and its attendant culture."

Mr MacSween sees one of his first tasks the creation of bridges between the Ard Comhairle of An Comunn and the Branch network to give Branches a greater sense of purpose and sense of identity. Once Mr MacSween has settled down in his new post, Branches will be contacted to arrange suitable times for visits.

One of Mr MacSween's stated

tasks is to tap into the European funds available for cultural and community initiatives and to strengthen links with the Bureau of Lesser-Used Languages.

If you wish to contact Mr MacSween about An Comunn, telephone him on 0463-231226 or write to him at 109 Church Street, Inverness, IV1 1EY.

## MORAY GAELIC CLUB

**A**n idea of the Moray Branch of An Comunn has become a reality. The idea was simple: a Club for Gaelic Speakers, both fluent and learners.

The first meeting of the Club took place recently and is now on schedule to be a weekly event on Wednesday nights at the Laichmoray Hotel in Elgin. The response to the Club has more than pleased Moray Branch Vice President, John Kennedy. "With around forty people, from schoolchildren to pensioners turning up, it's an idea that other Comunn Branches can follow up", he said.

The Club aims to help people with conversational Gaelic, to help them understand Gaelic TV and radio programmes. Anyone interested can join.

## AN COMUNN GAIDHEALACH

Airson Eilain na Gàidhlig m.e. Drama, seinn, dannsa, leabhrachaean

NOW AVAILABLE:

### MOD ARDRUIGH '93 CASSETTE RECORDINGS

£5.95 (inc. postage)

Fiddlers' Rally, Children's Concert A&B, Rural Choirs Concert, Gold Medal Finals, Traditional Final and Final Concert.

#### BOOKS:

Baragab (poetry and prose by adults and children) .....	£5.00
Gearra na Craobh 'san Cladach (children's book and cassette) .....	£5.00
Caidil gu Seimh (lullabies) .....	£4.00
Carragh na Cumhne (poetry by Kenneth MacDonald) .....	£4.00
Muir is Tir (songs sung by children) .....	£5.99
I dal u dal (Waulking songs) .....	£3.95
Na Cnuic 'na Glinn (poetry book compiled by Neil Brownlie) .....	£4.00
Centenary of An Comunn Gaidhealach (by Frank Thompson) .....	£8.50
(H/B) .....	£12.00

91 Cromwell Street, STORNOWAY, PA87 2DG. Phone 0851 703487. Fax 0851 706467  
109 Church Street, INVERNESS, IV1 1EY. Phone 0463 231226. Fax 0463 715557  
The Mod Shop, 10 Merkland Street, GLASGOW. Phone 041 334 9796

# Drama moves to a new stage

**I**N the 1930s, An Comunn was at the forefront of introducing Gaelic drama to communities in the remote Highlands and Islands which had seldom if ever seen plays on stage. So successful was the promotion of the idea that An Comunn had to employ an organiser to set up community drama groups which played to packed houses. The intervention of World War II tended to reduce interest which was only slowly revived.

In recent years, however, Gaelic drama groups have made an impact on the community scene, culminating with performances at the Mod. With the prospect of a National Gaelic Theatre on the cards, there was a feeling that the role of the amateur Gaelic drama group had to be re-defined. This has now been done through a discussion paper prepared by the Sgriobhadair to An Comunn, Norman C. Macdonald, and used as the theme of a conference on the subject at the Mod in Airdrie.

At the heart of the document is the need for recognition of the role of the language presented through the medium of theatre, involving words, music and movement. Mr Macdonald makes a strong case for the appointment of a Gaelic Community Drama Officer to

work alongside Comunn na Drama, founded a number of years ago by An Comunn.

This Officer, Mr MacDonald suggests, would be an 'enabler', who would encourage communities to consider drama as a means to promote Gaelic as a theatrical medium.

He says: "Initially the aim would be to create short plays for local drama groups to present to their own community, with some plays going on to feature at the Mod (on the fringe or in competitions). Later would come the full-scale Gaelic Community plays, perhaps involving hundreds of people over a couple of years. Thus, over time, the audience for Gaelic Community Drama would change from passive spectators to active participants."



Norman C. Macdonald, Writer to An Comunn.



"G.G." Choir, winners of the Lovat and Tullibardine Shield, 1993.

## Drama — TV version

Gaelic television, in the form of Little Red Riding Hood, is currently been shown the bared teeth of the wolf, representing Scottish Television. Seemingly, responding to complaints from viewers that there is too much Gaelic on TV screens, STV are considering the reduction of Gaelic programmes at peak-hour transmission times. Even with English subtitles, STV claim, viewers are either switching off or zapping to other channels.

The Gaelic soap flagship, 'Machair' attracts only 300,000 viewers compared with the 500,000 watchers when the series began. In addition, prime-time Gaelic shows attracts only 15-20% of the potential audience.

In its franchise application, STV undertook to place 21 hours per week in peak time if the Gaelic Television Committee supplied funding for 200 hours over the year. Although it was to be allocated only 140 hours, STV stuck to its undertaking.

At the moment it looks like less Gaelic in peak times in 1994 than in 1993. And Gaelic programme viewers may find themselves either staying up very late or rising early in the morning to watch programmes.

It is suggested that those who receive STV programmes might wish to convey their feeling to the Company and ask for a more sympathetic scheduling of programmes to allow Gaels to enjoy what monoglot English speakers get as a normal provision.

It seems a pity that the hard-won battle for the finance to generate Gaelic programmes may turn out to be a hollow victory. It only remains to be seen how value can be produced for the money being allocated for Gaelic TV. What has been shown during 1993 has been of mixed quality, with some of the better programmes made without the GTC funding. At the end of the day, only Gaels can say whether the TV provision has been worthwhile.

# News from around the Branches

## ABERDEEN BRANCH

Our programme for the Winter Season has got off to a very good start. The first event in October was the pre-Mod Ceilidh, featuring Aberdeen Gaelic Choir. The November ceilidh/dance with Art Cormack and Blair Douglas was very successful indeed with a near full house audience.

January 15th sees Janet McBain, Curator of the Scottish Film Archives, presenting film images of the Gaidhealtachd.

The February 19th event is to be held at the New Inn, Ellon, to cater for those

who live outwith Aberdeen. It takes the form of a Ceilidh Dance, featuring Ishbel MacAskill and James Gunn.

Saturday 19th March sees Donella Macleod and the Inverness Concert Party hosting an evening of entertainment.

Our AGM will be on 23rd April.

All events, with the one exemption, are to be held in the Grampian TV studio Social Club, Queens Lane North, Aberdeen, commencing at 8pm.

## ARGOUR BRANCH

With a branch membership derived from a wide range of scattered rural com-

munities it has been a difficult time for the Committee, despite a high level of enthusiasm. Even so, when a special event is arranged, it is well supported and thanks go out to those who help to raise the Gaelic banner.

Plans are afoot to link in with community projects, to contribute a Gaelic-related element to the district's various activities. In this way we keep the Comunn presence well to the fore in the hope that it pays the dividends we know can be earned.

## CRUACHAN BRANCH (TAYNUILT)

Morag Robb, the Branch's Press Secretary, writes to say that the Cruachan Branch keeps as busy as ever. Particularly successful were the weekly ceilidhs held during the summer months, mainly to give visitors a taste of Highland entertainment. We are more than grateful to Oban Pipe Band, Oban Gaelic Choir and to Ballet West for their popular appearances.

The winter programme started last October, with Oban Gaelic Choir and competitors from the Airdrie Mod on the bill. Thanks are due to the regular attenders, from the village and the surrounding area, for making it worthwhile for us to organise these events. Mille taing dhuibhse!



Ceilidh night in Canada?? Anybody tell us who and when?

At our AGM, Paddy Shaw was again returned as our President, with Sheila Grant as Secretary and Anne Scott as Treasurer.

Anyone in the Taynuilt area can contact Morag Robb (Dean Cottage, Bridge of Awe, Taynuilt) for details of forthcoming events.

## DUNOON BRANCH

With the Mod due to be hosted by Dunoon in 1994, the Branch is involved with all the hundred and one things needed to put on a Mod, and offering support to the Local Mod Committee.

As a Branch we have been very active with our monthly ceilidhean being fair to well-attended. The Ceilidh Dance held in November was enjoyed by a capacity audience. Thanks are due to the artistes who contributed to such an outstanding event.

In February we have another Ceilidh Dance in MacColl's Hotel, Dunoon, at which we hope to have Freddie MacKenzie and party from Oban - if the weather holds out!

On March 18th in the Park Hotel, Dunoon, we have our annual Bardic Supper. A talk on a bard of her own choice will be given by Beathag Morrison, with songs sung by Morag Law. We look forward to that date.

We attended two meetings of Argyll Regional Council. These are important to us because they keep us in touch with developments at both regional and national levels. Two of our members have been appointed to the Steering Group set up by Beathag Morrison: Rev Donald Stewart and John Saidler, our President.

The Branch tried to interest local schools to enter the competitions at the Dunoon Mod, but only Dunoon Grammar School responded. There is obviously work to be done in Dunoon. We are now discussing with Dunoon Grammar the ways and means by which pupils can enter the Mod competitions. The Branch has agreed to set aside a sum of money for the purchase of a suitable Trophy to be awarded for a Junior Competition at the 1994 Mod.

We are saddened by the loss of two of our most stalwart members. Mary Crawford, sister of Tom Crawford (Islay), was a friend to many of us over the years. Mrs I. M. MacArthur (mother of Elma who runs our Gaelic classes) also passed away in her nineties and was buried in her native Tiree. Time may never stand still, but our memories will always cherish these two ladies.

## DUMFRIES BRANCH

A full programme of ceilidh events started last October with the dates of the 1994 ceilidhean as follows: January 14, 11 February, 11 March and April 8 which will be a special Easter Ceilidh. All events start at 7 pm and are held in the George Street Day Centre, Dumfries.

The Branch is fortunate in having full Press coverage thus keeping the Gaelic flag flying in an area not immediately associated with the language. We have a membership of 57, most of whom attend our events so the Branch is in very good heart. Our two honorary pipers are Alf and Billy Geddes, a father and son combination who ensure that the skirl of the pipes adds that extra special interest at our functions. Alf has done sterling service in the past and Billy is gradually taking over as Alf takes a well-earned breather though he is far from retiring from the Dumfries scene.

Our thanks go to John MacRae who keeps us supplied with first-class and top-of-the-bill Gaelic singers.

A special thanks, too, goes to Mrs Happell who has retired from the Committee on health grounds. She has given many years' service to the Branch and An Comunn and our best wishes go to her with our sincere appreciation of her work in 'the cause'. Our new President is Tom McCallum, who also acts as our Treasurer. Secretary Mrs A. B. Shearer, can be contacted at 2 Minden Avenue, Dumfries, for details of the events mentioned above.

## DUNDEE BRANCH

With due modesty Dundee Branch, as an offspring of the Dundee Highland Society, is already planning to celebrate next year the 180th anniversary of the founding of the Society, in 1814. So we are older than An Comunn! That being said, we are happy to report that the Gaelic flag is kept flying high in the Dundee area.

Attendances at our events tends to be around the 46 mark. Our annual ceilidh/dance, however, attracts around



James Gunn and Margaret Stewart-Harding, Mod Gold Medallists, 1993.

120. So the Gaelic presence is quite strong, thanks to the loyalty of the members who support us.

Two of our members, Isa Caird and Donald MacLeod, run Gaelic classes for the Gaelic learners in the area. This is supplemented by members of the Society meeting monthly in each other's homes for Gaelic conversation. We feel the informality is a great boost to learners and others whose Gaelic might be a bit on the rusty side.

At times we feel, on the eastern side of Scotland, that we tend to be isolated and would welcome a visit from someone from the Ard Comhairle, even the President, to tell us something of what is going on in the Gaelic world. We do, however, try to make our programme interesting.

On 14 January we will have our annual tattie and herring supper followed by a ceilidh. February 11 sees a lecture by Dr Chris Whatley ('Working Class Voices in mid-Victorian Dundee') followed by a ceilidh. The AGM is on March 11. Our meetings are held in the Age Concern Club, 343 Brook Street, Broughty Ferry at 7.30pm.

## INVERNESS BRANCH

Betty MacRae, Secretary, reports that a fund-raising morning in the Dunbar Centre, Inverness, was not only well-attended but was a significant financial success. The post-Mod Ceilidh, while as good as previous years, saw a drop in the usual numbers who come to enjoy the evening. This was partly due to the flu bug which invaded Inverness and perhaps due to the fact that the Ceilidh was held on a Saturday instead of the more popular Friday evening. Even so, those who managed to get along had a good night out.

Office-bearers are for this year: Allan C. MacLeod, President; Murdo Campbell and Anne Soutar, Vice Presidents; John M. Macdonald, Treasurer; John MacRury, Mod Secretary; and Betty MacRae, Secretary, who can be contacted at 17A Lovat Road, Inverness (0463 236946).

Coming events include a Tattie and Herring Ceilidh in the Cummings Hotel on January 28; Ceilidhs in the Cummings on February 25, March 25 and April 29. Supporters and Branch Members are reminded that the Inverness Provincial Mod is scheduled for June 17th and 18th.

## MANCHESTER BRANCH

Despite being located 'south of the Border', the Manchester Branch has, for nearly five decades now, held a significant Gaelic presence in the north-west of England. Monthly ceilidhean are held from October to May, to which come friends from Liverpool, Leeds, Derby, Preston and Chester. Distance is no object to having an evening of Gaelic entertainment. Many who come to the ceilidhean are native Gaelic speakers, who welcome a chance to meet fellow Gaels and have a good old gossip,

These Gaelic evenings are popular with many of the leading artistes in Gaeldom among whom we hope to see in 1994 Kirsteen Grant, Janette Macdonald, Na Sradagan and Sheena Walker.

Over the years the Branch has supported the Royal National Mod. In recognition of that support we were pleased to have the President of An Comunn, Donald MacRitchie, attend our AGM last May. He presented to our President, Lucie Beattie, a copy of the book covering the 100-year history of An Comunn, written by Frank Thompson, a former member of the Branch and old member of the Manchester Gaelic Choir.

In July we were all saddened by the passing of Dr Marian Maxwell-Reekie, O.B.E. She and her father were founder members of the Branch. She was a popular member of the Choir in the days when we gave local concerts and competed at the London Mod. A sincere friend to many, Marian was a pillar of strength on those occasions when things did not go too well. We all remember her with affection and gratitude; she will always have a special place in our memories.

Any Gaels in the north-west will be made more than welcome at our ceilid-

hean, held in the Heatons UR Church Hall, Heaton Moor Road, Heaton Chapel, Stockport (phone 061 962 8659 for details). The next ceilidh is on January 8th, with Janette Macdonald topping the bill.

## MORAY BRANCH

Events during the first half of the season's programme have been well attended. The Scots Concert, held jointly with Moray Gaelic Choir for the Scanner Funds, raised nearly £700. All this does the Branch's reputation some good as we then get good 'vibrations' from the local community when we ask them to support wholly Gaelic events.

We intend to have a Youth Concert in Forres Town Hall at 7 pm on 16 February 1994. This will be followed two days' later by a Tattie and Herring Ceilidh at the Laichmoray Hotel, Elgin on Friday 18th at 8pm.

We congratulate Moray Gaelic Choir for going from strength to strength under last year's Ladies Gold Medallist, Nina MacKellar, and with Flora Perrie as Gaelic tutor. With the Moray Gaelic Club and the Forres Croilleagan, Moray is certainly putting Gaelic on the map!

## STIRLING BRANCH

So far the first half of the season's events has been well attended, though some disappointment has to be expressed that those of a younger age group do not seem to be interested. Perhaps we might see some of them to welcome them at the ceilidh nights on January 15, February 12, and 12 March 1994. All events are held in the Holy Trinity Church Hall, Dumbarton Road, Stirling and they begin at 7.30pm. See you all there!

*Bilingual  
street  
names in  
Isle of  
Man*

**EAST STREET  
STRAID HIAR**